

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUIDEACHADH LE BHITH CRAOBH-SGAOILEADH A' MHÒID

11 An Dàmhair 2010

Bòrd na Gàidhlig a' cuideachadh le bhith craobh-sgaoileadh a' Mhòid. Gheibh daoine air feadh an t-saoghail le ùidh anns a' Mhòd Rìoghail Nàiseanta an cothrom na tha a' dol ann an Gallaibh air an t-seachdain seo tighinn a chluinntinn air an eadar-lìon an dèidh do Bhòrd na Gàidhlig taic a thoirt do Radio Mòd a bhith a' craoladh bho Ghallaibh.

Thòisich am Mòd ann an Gallaibh air an deireadh sheachdain agus bho mhadainn Diluain (Dàmhair 11) bidh Murchadh Moireasdan agus an sgioba aige a-rithist a' craoladh fad sheachdain an tachartais, a' cur ri craoladh eile a bhios air a thairgse eadar BBC Alba air telebhisein agus Radio nan Gàidheal.

Thuir Art MacCarraig, Cathraiche a' Bhùird: "Tha sinn air leth toilichte taic a thoirt do Mhurchadh agus an sgioba aige a-rithist airson a bhith a' craoladh fad sheachdain a' Mhòid. Tha fhios againn gu bheil na milltean de Ghàidheil a' cruinneachadh chun a' Mhòid thar na seachdain seo tighinn, ach tha gu leòr eile ann nach fhaigh ann, agus 's dòcha nach urrainn a bhith a' leantainn chùisean còmhla ris a' BhBC. 'S e goireas air leth feumail a tha Murchadh agus a chuideachd a' tairgse dhan Mhòd agus tha sinn gu math toilichte gun deach againn air an cuideachadh am bliadhna airson na seirbheisean seo a fhrithealadh."

Bidh taghadh de phrògraman aig Murchadh agus an sgioba fad na seachdain agus bidh iad rim faighinn air an eadar-lìon aig www.clanradio.net Thuir Murchadh: "Mur biodh an taic a tha sinn a' faighinn bhon Bhòrd, cha b'urrainn dhuinn a bhith a' cur seo air adhart. Bidh sinn a' craoladh bho 10 anns a' mhadainn gu 8 beul an fheasgair agus tha fhios againn gum bi daoine san èisteachd bho New Mexico gu Texas, air feadh an Roinn Eòrpa agus gu dearbh gu robh cuid ann an uiridh a bha ag èisteachd ruinn air coimpiutaran ann an leithid Saudi Arabia. Tha an taic a tha sinn a' faighinn bho oileanaich aig Colaiste Reid Kerr ann am Pàislig ann a bhith a' deisealachadh agus a' libhrigeadh chùisean, agus na tha sinn a' faighinn de thaic tro uidheamachd is eile bhupa, gu bhith air leth feumail an t-seachdain seo tighinn agus cuideachd le sùil air adhart gu 2012 nuair a thig a h-uile duine cruinn gu Mòd Phàislig."

Bidh Radio Mòd a' craoladh measgachadh de phrògraman fad na seachdain eadar agallamhan is naidheachdan agus biodh stèiseanan ionadail agus coimhearsnachd eile ann

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



an suidheachadh an t-seirbheis a ghiùlain cuideachd. Tha am fiosrachadh mun sin ri fhaighinn bho stèiseanan ionadail is coimhearsnachd fhèin.

A' chrìochMa tha sibh airson barrachd fhaighinn a-mach mun naidheachd seo, cuireabh fios gu: Iain Aonghas MacAoidh: 07500 089 661Bòrd na Gàidhlig: www.bord-na-gaidhlig.com Agus: www.mygaelic.com

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG HELPS SPREAD MÒD WORLD-WIDE- VIA PAISLEY

11 October 2010

Bòrd na Gàidhlig helps spread Mòd world-wide – via Paisley!

Royal National Mod fans throughout the world will be able to access events and pick up the latest news about what is happening in Caithness this week through Radio Mòd on the internet.

Bòrd na Gàidhlig has again assisted regular Radio Mod lynchpin Murdo Morrison and his team set up their service and they will be broadcasting throughout Mod week, starting on Monday morning, adding to other broadcast material being offered by the BBC through ALBA on television and Radio nan Gàidheal. Radio Mod is free can be accessed at www.clanradio.net

Arthur Cormack, Cathraiche (Chair) of Bòrd na Gàidhlig, said: “We are delighted to offer support to Murdo and his team to broadcast throughout all of Mod week. I know that thousands of Gaels will be gathering in Caithness during the week, but at the same time there are lots of people who will not be able to attend the event, and perhaps are also unable to follow the course of events with the BBC. Murdo and his team are providing the Mod with a resource which is particularly useful and, therefore, we are very happy that we have managed to help them provide these services.”

Murdo and his team will be broadcasting wide range of programming during the whole of the week from 10 in the morning until 8pm. He said: “We know from our experience in Oban last year that Radio Mod is picked up world-side from New Mexico to Texas, and throughout Europe. We will be delighted to hear from anyone picking us up to let us know how they are enjoying the fruits of our labours. We know that people were listening to us through lap-tops in Saudi Arabia and many other places world-wide and this facility enables all sorts of people to access the Mod. We are delighted to be able to complement the services offered by the BBC and without the Bòrd’s assistance we would not be able to provide the service. It is vitally important that people who do not have the opportunity to actually attend the Mod can access the events and the news as it happens. Radio Mod provides everyone with an opportunity to be keep up to date and places Gaelic and the Mod right there on their desks, phones and computers. We would be delighted to hear from anyone in far-flung places who will be tuning in so that we can assess the impact of what we are doing.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Murdo will have as part of his back-up team students from Reid Kerr College in Paisley who will, whilst beavering away on material from Caithness, be preparing themselves for the Royal National Mod which is due in Paisley in two year's time.

Radio Mod is available free of charge on the internet at www.clanradio.net Links to the site have been set up on other Gaelic sites and local and community radio stations will also be carrying the service at various times during Mod week. Details of that service provision will be available from the various local and community stations.

EndsFor further information on the contents of this news release, please contact John Angus MacKay: 07500 089 661 Bòrd na Gàidhlig website: www.bord-na-gaidhlig.com See also: www.mygaelic.com